

A' Chairt Òir: Airson am measadh seo a dhèanamh, bithear a' tòiseachadh leis a' Chòmhradh gu h-ìosal agus an uair sin a' gluasad gu còmhradh fosgailte nàdarrach. Bu chòir gum biodh e comasach dhut còmhradh a dhèanamh air cuspair cumanta sam bith. Math dh'fhaodte gun dèan an neach-measaidh riochd-chluich còmhla riut mar gum biodh seinneadair a' dèanamh agallamh rèidio. Airson na Càirt Òir fhaotainn, tha e air a shùileachadh gum bi thu fileanta sa chànan.

Ìre 8

Còmhradh

Neach-measaidh (NM)

Neach-ionnsachaidh (NI)

NM: Hallò, dè do chor an-diugh?

NI: Chan eil dona idir, agus sibh fhèin?

NM: Tha gu math, tha an dithis againn gu math trang an seo.

NI: Deagh ghearain, nach e?

NM: 'S e gun teagamh. Airson na càirte seo, bidh sinn a' tòiseachadh le còmhradh caran foirmeil agus an uair sin mas fhìor a' dèanamh agallamh rèidio mu na h-òrain a bhios tu a' seinn agus mar sin air adhart. A bheil sin ceart gu leòr?

NI: Tha, bidh sin glè mhath.

NM: An toiseach, ma-thà, bu toigh leam bruidhinn mu dè a dhèanadh tu ann an an diofar shuidhichidhean. Mar eisimpleir, dè a dhèanadh tu nan dìochuimhnicheadh tu na faclan agus thu a' seinn ann am farpais?

NI: (*a' gàireachdainn*) Cha do thachair sin riamh dhomh! Thòisichinn a-rithist, tha mi cinnteach.

NM: An canadh tu gu bheil sin a' tachairt tric aig a' Mhòd Nàiseanta?

NI: Cha chanadh gu bheil e a' tachairt tric, ach tha e a' tachairt.

NM: Tha mi an dùil gu bheil thu ceart, bidh e a' tachairt corra uair dìreach. A' tionndadh gu cuspair eile, chan eil fhios a'm a bheil clann òga agaibh ach nam biodh an cuireadh sibh gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig iad?

NI: Tha a' chlann air fàs suas agus tha Gàidhlig aca, ach nam biodh clann òga againn chuireamaid tro fhoghlam meadhan na Gàidhlig iad, gun teagamh sam bith.

NM: Chanainn gu bheil e math dà chànan a bhith aig cloinn.

NI: Chanainn-sa sin cuideachd, tha uinneag aca air dà shaoghal.

NM: A' leum gu cuspair gu tur eadar-dhealaichte a-nis. Bu toigh leam bruidhinn mu dheidhinn am biadh agus an deoch a ghabhadh tu nam biodh tu a' gabhail biadh ann an taigh-bidh. An gabhadh tu deoch le do bhiadh?

NI: Ghabhadh, 's mi a ghabhadh ...

NM: An òladh tu fion?

NI: Dh'òladh, tha mi dèidheil air fion dearg.

NM: Agus dè dh'itheadh tu, an itheadh tu feòil no biadh gun feòil?

NI: Dh'ithinn feòil, 's dòcha muc-fheòil no feòil mairt. Agus thu fhèin, an innseadh tu dhomh am biadh as fheàrr leat?

- NM: Chòrdadh coiridh Innseanach rium latha sam bith agus nan toireadh tu dhomh iasg sam bith, chòrdadh sin rium.
- NI: Tha iasg a' còrdadh rium ach cha toigh leam coiridh idir.
- NM: Tha a h-uile duine le a chàil fhèin! An aithne dhut Cathy Bhàn, an tè a tha a' taisbeanadh 'Còcaire nan Còcairean'?
- NI: 'S aithne, choinnich mi rithe uair no dhà. Bidh i air an rèidio cuideachd. A bheil thu fhèin eòlach oirre?
- NM: Chan eil mi cho eòlach sin oirre ach, coltach riut fhèin, tha sinn air coinneachadh turas no dhà. An àbhaist dhut a bhith coimhead air 'Còcaire nan Còcairean'?
- NI: 'S àbhaist, 's e prògram fìor mhath a th' ann. An àbhaist dhut fhèin?
- NM: 'S àbhaist, 's ann air a' phrògram sin a chunnaic mi Seonag NicLeòid a tha a' fuireach an ath dhoras dhuinn. Bha i air an farpais a bhuannachadh mura b' e gun robh i beagan nearbhasach.
- NI: An ann an Inbhir Nis a tha thu a' fuireach?
- NM: Chan ann, 's ann an Glaschu a tha sinn.
- NI: Aite trang.
- NM: 'S e gu dearbh, ro thrang uaireannan. Ach tha sinn air gu leòr còmhraidh foirmeil a dhèanamh. Faodaidh sinn a-nis gluasad gu còmhraidh nas fhosgarr. Mas fhìor gu bheil thu air farpais chudromach a bhuannachadh aig a' Mhòd, dh'fhaodamaid mar gum biodh agallamh rèidio a dhèanamh, thusa a' bruidhinn mu na h-òrain a sheinn thu, do bheatha agus mar sin air adhart. A bheil thu toilichte gu leòr le sin?
- NI: Tha gu dearbh, bidh sin gasta.
- NM: Glè mhath ma-thà, faodaidh sinn tòiseachadh.